

*Cluinnidh tu Anna Ros a' bruidhinn air Slighe a' Ghlinne Mhòir.*

An-uiridh, chuir mi romham trì latha den t-samhradh a chur seachad air Slighe a' Ghlinne Mhòir, frith-rathad a dh'fhosgladh ann an 2002. Bha fhios agam gum biodh seo na dhùbhlán dhomh. 'S e aon de na rudan a tha sònraichte mun t-Slighe gu bheil i a' ruith eadar taobh siar agus taobh sear na h-Alba. Tha an t-slighe a' tòiseachadh anns a' Ghearasdan agus a' crìochnachadh ann an Inbhir Nis. Bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a' coiseachd nan ochdad mìle a tha eadar an dà bhaile seo ach faodar siubhal air baidhsagal cuideachd. 'S ann air baidhsagal a shiubhail mise. Roghnaich mi toiseach a chur air an t-slighe anns a' Ghearasdan. Bidh a' ghaoth mar as trice a' sèideadh bhon iar agus cha robh mi airson a bhith a' stri na h-aghaidh.

Mar a shaoileadh sibh bhon ainm, tha an t-Slighe a' leantainn a' Ghlinne Mhòir, gleann a tha a' dealachadh ceann a tuath agus ceann a deas na Gàidhealtachd. Tha trì lochan fada suidhichte anns a' Ghleann Mhòr: Loch Lochaidh, Loch Omhaidh agus Loch Nis. Tha na lochan seo agus a' mhuir air gach taobh den dùthaich air an ceangal ri chèile le aibhnichean agus le Canàl a' Ghlinne Mhòir. Tha cnuic ag èirigh air gach taobh dhiubh seo, a' fàgail gu bheil seallaidhean àlainn rim faicinn air gach taobh den t-Slighe. Faodar Slighe a' Ghlinne Mhòir a ghabhail ann an currach agus chaidh a snàmh airson a' chiad uair bho chionn bliadhna no dhà.

Chòrd a' chiad latha rium gu sònraichte. Bha am frith-rathad còmhnard agus bha a' ghrian a' deàrrsadh os mo chionn. Lean a' chiad phàirt den t-Slighe an canàl agus taobh a tuath Loch Lochaidh. Ghabh mi biadh am feasgar sin ann an taigh-bidh ann an Cille Chuimein agus chuir mi seachad a' chiad oidhche ann an ostail-òigridh sa bhaile. Tha Slighe a' Ghlinne Mhòir a' toirt togail mhòr dhan eaconamaidh ionadail leis gum bi i a' tàladh mòran luchd-turais a-steach dhan sgìre. A bharrachd air a bhith a' cosg airgead air àite-fuirich agus biadh, bidh luchd-turais cuideachd a' cur seachad ùine ann an diofar ionadan-tadhail tarraingeach a tha rin lorg ri taobh na Slighe.

B' e an rud a b' fheàrr a chòrd rium mun t-Slighe nach eil i a' cleachdadh ach glè bheag de rathaidean tearra. B' ann ainneamh a chunnaic mi càr, a' fàgail gun robh mi a' faireachdainn gu math sàbhailte air an turas. Bhiodh mòran den t-Slighe freagarrach do chloinn ged a tha i nas caise aon uair 's gun tèid cùl a chur ri Inbhir Mhoireastain. Nam biodh sibh airson an t-Slighe a ghabhail air baidhsagal, mholainn dhuibh deagh bhaidhsagal-beinne a chleachdadh. Chanainn cuideachd gum bu chòir dhuibh a bhith comasach air obair-càraidh a dhèanamh air a' bhaidhsagal. Tha mòran den t-Slighe pios air falbh bho rathaidean eile agus, nam biodh trioblaid agaibh leis a' bhaidhsagal, bhiodh e doirbh cobhair a lorg.

Tha an t-Slighe mu dheireadh thall a' leantainn Abhainn Nis a-steach do phrìomh bhaile na Gàidhealtachd. Tha i a' tighinn gu crìch aig Caisteal Inbhir Nis. Ged a bha mo chasan, mo thòn agus mo dhruim eagalach sgìth nuair a ràinig mi mo cheann-uidhe, bha ùine air leth air a bhith agam.